

PÀRLAMAID NA H-ALBA – COINNEAMH BUIDHEANN THAR-PHÀRTAIDH NA GÀIDHLIG

SCOTTISH PARLIAMENT – CROSS-PARTY GROUP ON GAELIC

DREACHD Gèarr-chunntas den choinneimh aig Buidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig ann an Seòmair Comataidh 3, Pàrlamaid na h-Alba, Taigh an Ròid, air Diardaoin 5mh Dùbhlachd 2019 aig 1f.

DRAFT Minute of the meeting of the Cross-party Group on Gaelic held in Committee Room 6, The Scottish Parliament, Holyrood, on Thursday 5th December 2019 at 1pm.

Làithearachd / Attendance:

Ainm:	Buidheann:
Alasdair Allan	BPA
Angus MacDonald	BPA
Linda MacDonald	(le Angus MacDonald)
Iain MacAmhlaidh	CNAG
John A MacIver	CNES
Innes MacQueen	Comann nam Pàrant
Daibhidh Boag	Bòrd na Gàidhlig
Orla NicDhòmhnaill	Bòrd na Gàidhlig
Shona NicIleathain	Bòrd na Gàidhlig
Lisa Reid	Comunn na Gàidhlig
Marina Mhoireach	Comunn na Gàidhlig
Beathag Mhoireasdan	Eadar-theangair
Joan Esson	HM Inspectors
Gillechrist MacGilleòin	Misneachd
Martainn Mac a' Bhàillidh	Misneachd
J M MacLeòid	Moray Language Centre
Sean Thomson	Moray Language Centre
Wilson McLeod	Oilthigh Dhùn Èideann
Ruaraidh MacIntyre	Riaghaltas na h-Alba
Don Morrison	Scottish Government Islands Team
Morag Chaimbeul	SFC
Coinneach MacFhraing	Spòrs Gàidhlig
Dòmhnall MacGillemhòire	Stòrlann
Jennifer McHarrie	SQA

- 1.1 Chur Dr Alasdair Allan BPA fàilte air a h-uile duine dhan choinneimh agus ghabh e an leisgeul airson nach robh eadar-theangachadh mar-aon ag obair air sgàth adhbharan teicnigeach. Leanaidh a' choinneamh anns a' Ghàidhlig agus tha fàilte air daoine ceistean fhaighneachd agus a bhith a' cur ris a' choinneimh sa Bheurla.
- 1.2 Feumaidh **Alasdair Allan** fhàgail tràth agus gabhaidh Daibhidh Boag a' chathair an uair sin.
- 1.3 Bidh a' chuairt dheireannach de dheasbad BT nan Sgoiltean a' tòiseachadh aig 6f sa Phàrlamaid agus bidh cèilidh ann às a dhèidh.
- 1.4 A-màireach bidh co-labhairt ann aig a' Phàrlamaid aig 9m.
- 1.5 Thàinig leisgeulan a-staigh bho na leanas:
- D J MacIntyre, John Morrison ACG, Maeve MacKinnon, Jane Renton (a tha air Foghlam Alba fhàgail), Derek MacKenzie, Mata MacIomhair, Norman MacDonald, Alasdair MacFhionghuin, Doileag NicLeòid, Rhoda Grant, Dòmhnall MacNèill CNAG, Bernadette O' Rourke*
- 2 **Gèarr-chunntas bhon choinneimh mu dheireadh: 18mh Ògmhios 2019**
- 2.1 Thog **Joan Esson** pìos san dreachd den gheàrr chunntas bhon choinneimh mu dheireadh is chaidh seo atharrachadh ron choinneimh. Chaidh na h-atharrachaidhean sin a thoirt fa-near, agus dh' aontaich **Dòmhnall MacGillemhoire** agus **Beathag Mhoireasdan** ris a' gheàrr-chunntas atharraichte.
- 3 **Taisbeanadh: Rannsachadh air cleachdadh na Gàidhlig eadar luchd-labhairt dùthchasach**
- Neach-labhairt: An t-Oll. Wilson MacLeòid**
- Chuir Alasdair Allan fàilte air Wilson MacLeòid.
- 3.1 Geàrr-iomradh:
- 3.1.1 • Aig ìre glè thràth sa phròiseact
- 3.1.2 • Prìomh cheist rannsachaidh:
- Dr Alasdair Allan MSP welcomed everyone to the meeting and apologised for simultaneous translation not working due to technical reasons. The meeting will continue in Gaelic and everyone is welcome to ask questions and contribute in English.
- Alasdair Allan** will need to leave early and Daibhidh Boag will take over as chair.
- The final of the BT Schools debate will start at 6pm at the Parliament and after that there will be a ceilidh.
- Tomorrow there will be a conference in the Parliament at 9am.
- Apologies had been received from the following:
- D J MacIntyre, John Morrison ACG, Maeve MacKinnon, Jane Renton (who has left Education Scotland), Derek MacKenzie, Mata MacIomhair, Norman MacDonald, Alasdair MacFhionghuin, Doileag NicLeòid, Rhoda Grant, Dòmhnall MacNèill CNAG, Bernadette O' Rourke*
- Minutes of the previous meeting: 18th June 2019**
- Joan Esson** had raised a point before the meeting from the draft minutes of the last meeting and this was amended before the meeting. These changes were noted, and **Donald Morrison** and **Beathag Mhoireasdan** approved the amended minute.
- Presentation: Researching Gaelic usage between native speakers**
- Speaker: Professor Wilson McLeod**
- Alasdair Allan welcomed Wilson McLeod.
- In Summary:
- The project is at a very early stage
 - Main research question:

Why is it that people who were brought up speaking Gaelic, can speak the language with fluency and live in communities where the majority of people can speak the language, do not use it habitually with other Gaelic speakers and often use English instead?

Why is it that people who were brought up speaking Gaelic, can speak the language with fluency and live in communities where the majority of people can speak the language, do not use it habitually with other Gaelic speakers and often use English instead?

- 3.1.4 • Chaidh na Hearadh a thaghadh airson fòcas a' phròiseict
- 3.1.5 • Thèid buidhnean-fòcais agus agallamhan le daoine fa leth a chumail agus an uair sin bidh iad a' sgrùdadh nam modhan-obrach agus nan toraidhean rannsachaidh
- 3.1.6 • Tha an rannsachadh aig ìre glè thràth agus thathar an dùil a bhith deiseil timcheall air an Dàmhair 2020.

- Harris has been chosen as the focus for the study
- Focus-groups and individual interviews will be carried out and then they will be observing practice and findings
- Research has just started and hoping to be done by around October 2020

3.2 Ceistean:

Chaidh faighneachd ciamar a ghabhadh an rannsachadh seo a chur gu feum gu practaigeach. *Thuirt Alasdair Allan gum faodadh ceistean eile fhaighneachd san ath earrainn.* Fhreagair **Wilson MacLeòid** gun robh an rannsachadh seo eadar-dhealaichte ris na pròiseactan coltach ris, ach bidh an ath cheum an urra ris na daoine a tha a' dèanamh phoileasaidhean, seach buidheann acadaimeagach. Tha e an dùil gum bi ro-innleachd a' tighinn bho seo ach a-rithist chan eil seo an urra ri buidheann acadaimeagach.

Questions:

It was asked how this study can be turned into action. *Alasdair Allan noted that some questions could come in the next section.* WM study will be very different from others of the same kind, and that this question would be for policy-makers to decide – not for an academic team. Would expect a strategy to follow but not from an academic group.

- 3.3 Thug **Shona NicIlinnein** beachd seachad mar riochdaire aig tè de na buidheann coimiseanaidh. Tha i den bheachd gu bheil e fìor chudromach coimhead air dè tha a' cur bacaidhean air luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha Bòrd na Gàidhlig an dùil gum bi ro-innleachd a' tighinn a-mach a seo. Thog Shona cuideachd gu bheil ceangal aig a' phròiseact ris a' phlana nàiseanta – coimhearsnachdan, na feumalachdan aca agus dè tha a dhìth.

Shona MacLennan contributed as a representative of one of the commission group of the research. She believes that it is fundamental to look at what impedes Gaelic speakers. Bòrd na Gàidhlig hopes that strategy will come from this. Shona also raised that it has a connection to national plan – communities, their needs and what is required.

- 3.4 Tha **Alasdair Allan** a' tuigsinn gu bheil an rannsachadh aig ìre thràth ach bha ceist aige an robh beachdan aca air carson a tha seo a' tachairt.

Alasdair Allan acknowledged that the research is at early stages but asked if they have any ideas already about why this might be happening.

3.5 Fhreagair **Wilson MacLeòid** gu bheil e iongantach cho beag de rannsachadh a tha ann mun chuspair seo. Mu 50/60 bliadhna air ais cha robh àite nàdarrach airson na Bheurla sa choimhearsnachd ach leis mar a tha a' Bheurla air a' sgoileadh tuilleadh is tuilleadh, tha e a' fàs nas àbhaistiche agus comhfurtail Beurla a bhruidhinn na bhith a' gluasad eadar cànanan. Chan eil fianais gu leòr ann ach 's e dìreach beachd a th' ann an seo.

3.6 Dh'fhaighnich **Dòmhnail MacGillemoire** ma tha an rannsachadh seo co-ionnan ri no eadar-dhealaichte bhon rannsachadh a chaidh a dhèanamh ann an Leòdhas is Uibhist. Fhreagair **Wilson MacLeòid** gu bheil na modailean-rannsachaidh eadar-dhealaichte. Air na pròiseactan eile chaidh 'quantitative research methods' a chleachdadh ach bidh an rannsachadh seo steidhichte air còmhraidhean pearsanta.

3.7 Dh'fhaighnich **Alasdair Allan** am bidh iad a' bruidhinn ri sgoilearan. Fhreagair **Wilson MacLeòid** nach do rinn iad co-dhùnadh fhathast ach chan eil iad an dùil gum bi daoine nas òige na 16 a' gabhail pàirt.

NOTA: Tha lethbhreacan den taisbeanadh seo rim faighinn bho fios@gaidhlig.scot

4 **Taisbeanadh: Meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-muigh na sgoile sna h-Eileanan an Iar**

Luchd-labhairt: Lisa Reid, Comunn na Gàidhlig is Coinneach MacFhraing, Spòrs Gàidhlig

Chur Alasdair Allan fàilte air Comunn na Gàidhlig agus Spòrs Gàidhlig

4.1 Geàrr-iomradh:

Lisa Reid, Comunn na Gàidhlig

- 4.1.2
- Chuir Marina Mhoireach bho ChNAG fàilte air Lisa Reid, Oifigeir Gàidhlig ann an Loch a Tuath ann an Leòdhas.

Geàrr-iomradh:

- 4.1.3
- Iomairtean sna sgìrean traidiseanta airson sealltainn dhan òigridh gu bheil àite ann airson na Gàidhlig taobh a-muigh na sgoilte

Wilson McLeod answered that it is surprising how little research has been done on this topic. Around 50/60 years ago there was no natural place for English in the community but as English spread more and more it may have become more normal and comfortable to just speak English than to move back and forth. There is not enough evidence at this stage and this is just a hypothesis.

Dòmhnail MacGillemoire asked if the research is equal or different to the research that has been carried out in Lewis and Uist in the past. **Wilson McLeod** answered that the research methods are different. Quantitative research methods were used on the other projects, but this project will be based on personal conversations.

Alasdair Allan asked if they would be speaking to schoolchildren. **Wilson McLeod** answered that they hadn't come to a conclusion yet but they do not expect that anyone younger than 16 will be taking part.

NOTE: Copies of this Presentation are available for distribution. Please contact: fios@gaidhlig.scot.

Presentation: Increasing the use of Gaelic out with the school in the Western Isles

Speakers: Lisa Reid, Comunn na Gàidhlig & Coinneach MacFhraing, Spòrs Gàidhlig

Alasdair Allan welcomed Comunn na Gàidhlig and Spòrs Gàidhlig

In Summary:

Lisa Reid, Comunn na Gàidhlig

- Marina Mhoireach welcomed Lisa Reid, Gaelic officer for Loch a Tuath on the Isle of Lewis.

Summary:

- Enterprises in the traditional areas to show young people that there is a place for Gaelic outside of school

- 4.1.4 • Obair air tar-chur eadar- ghinealach – clann ag ionnsachadh còcaireachd thraidiseanta bho ginealachdan eile de luchd-labhairt na Gàidhlig
- 4.1.5 • Ceangalaichean eadar eileanan/coimhearsnachdan
- 4.1.6 • Faighinn beachdan à clann is pàrantan air na tha iadsan ag iarraidh/na tha a’ còrdadh riutha
- 4.2 **Coinneach MacFhraing, Spòrs Gàidhlig**
- 4.2.1 • A’ libhrigeadh chur-seachadan tro mheadhan na Ghàidhlig airson daoine òga aig Glenmore Lodge – agus a’ dol a-mach gu sgìrean ionadail far a bheil daoine òga leis a’ Ghàidhlig
- 4.2.2 • Cleachdadh Gàidhlig a-mach às a sgoil a’ toirt cothrom dhaibh a bhith ag ionnsachadh rudan nach biodh iad a’ cleachdadh gu h-àbhaisteach
- 4.2.3 • A’ libhrigeadh thursan do na h-eileanan gus àite a shealltainn far a bheil Gàidhlig nas àbhaisteach agus a’ cleachdadh na Gàidhlig sna saor-làithean aca
- 4.2.4 • Tha Coinneach dìreach air thilleadh bho Leòdhas, far an robh e a’ bruidhinn ri sgoiltean mu na cothroman. Aon de na cnapan-starra a th’ orra, ’s e na cosgaisean-siubhail airson nan sgoiltean a tha a’ dol gu tìr-mhòr – ’s e am fuasgladh a th’ aig Spòrs gum bi iad a’ dol do na h-eileanan.
- 4.2.5 • Ag obair le eSgoil agus Urras Oighreachd Ghabhsainn gus cothroman a libhrigeadh – a’ bruidhinn ri sgoiltean sna Hearadh.
- 4.2.6 • Tha Spòrs air ar dòigh gu bheil an cothrom aca a bhith ag obair anns na coimhearsnachdan seo agus a’ deanamh fiughair ri bhith tòiseachadh.

NOTA: Tha lethbhreacan den taisbeanadh seo rim faighinn bho fios@gaidhlig.scot

NOTE: Copies of this Presentation are available for distribution. Please contact: fios@gaidhlig.scot.

5 **Taisbeanadh: Pàirt 1: Plana Nàiseanta nan Eilean Neach-labhairt: Don Morrison**

Presentation: Part 1: The National Islands Plan Speaker: Don Morrison

- 5.1.1 Tha Erica Clarkson ann an Arcaibh os cionn na buidhne agus tha eileanaich a tha dìoghrasach mun obair ag obair air a’ phròiseact
 - 5.1.2 Fhuair am plana Aonta Rìoghail san Iuchar 2019.
- Working on inter-generational transmission through allowing young people to learn skills such as cooking from the older generations of Gaelic speakers
 - Making connections between islands and communities
 - Gathering opinions from young people and their parents about what they enjoy/what they would like to see
 - Delivering hobbies through the medium of Gaelic for young people at Glenmore Lodge as well as travelling to local areas where young people speak Gaelic
 - Using Gaelic outside of school gives young people the opportunity to learn things that they might not use normally
 - Delivering trips to the islands to show where Gaelic is more normal and giving the opportunity to use Gaelic in the holidays
 - Coinneach has just returned from Lewis where he was speaking to schools about their opportunities. One of the obstacles they face is the travel costs for the schools going to the mainland – Spòrs has solved this by travelling to the islands.
 - Working with eSgoil and Urras Oighreachd Ghabhsainn to deliver opportunities – speaking to schools in Harris
 - Spòrs is glad that they have the opportunity to work in these communities and they are looking forward to starting this work.
 - Team is led by Erica Clarkson in Orkney and the project has islanders who are passionate about the work are working on it
 - The plan received Royal Assent in July 2019.

- | | |
|--|--|
| <p>5.1.3 Thathar a’ feuchainn ri Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean agus Plana Nàiseanta nan Eilean a dhèanamh aig an aon àm, ach le fòcas air Plana Nàiseanta nan Eilean</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Trying to carry out the Island Communities Impact Assessment and the National Islands Plan in tandem, although the focus is on the latter |
| <p>5.1.4 Tha cùl-eòlas mun phròiseact ri fhaighinn ann am Fo-earrann 3(2) den Achd.</p> | <ul style="list-style-type: none"> • There is a background of the project Section 3(2) of Act |
| <p>5.1.5 Bathar a’ brosnachadh gum biodh am pròiseact cho farsaing sa b’ urrainn</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Encouraged to make this as wide-ranging as possible |
| <p>5.1.6 Co-chomhairleachadh air-loidhe – 414 luchd-freagairt bho 43 eileanan</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Online consultation – 414 respondents from 43 islands |
| <p>5.1.7 Chaidh 66 tachartasan (aghaidh ri aghaidh) air adhart ann am 40 eilean – agus Gàidhlig mar prìomh chuspair annta</p> | <ul style="list-style-type: none"> • 66 face-to-face events on 40 island – Gaelic as a key theme in these |
| <p>5.1.8 Leis na tachartasan seo a’ dol cho farsaing ri Arrainn – Unst bha cothrom aca an nàdar sònraichte a th’ aig gach eilean fhaicinn tron cho-chomhairleachadh</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Having these events as widely-ranging as Arran – Unst allowed them to see the unique nature of each island during their consultations |
| <p>5.1.9 Ann ann cuid de rannsachaidhean eile tha duilgheadasan air a bhith ann le daoine a’ gabhail pàirt ann an co-chomhairle is gun iad a’ cluintinn càil air ais – is mar sin tha iad a’ feuchainn ri dàimhean làidir a’ dèanamh le muinntir nan eilean – a’ toirt beachdan bhon choimhearsnachd air ais agus gan chur ris na h-aithisgean cho luath ’s a ghabhas agus a’ cur seo air ais do na daoine bha an làthair aig an tachartas</p> | <ul style="list-style-type: none"> • In past studies there have been issues with some people taking part in consultation and not hearing anything back – so trying to make relationships with the people in the islands – taking the feedback from communities back and typing up reports asap and sending back to those who attended the event |
| <p>5.1.10 Sheall iad na dòighean anns an d’fhuair iad fiosrachadh bho na daoine a bha an sàs anns na co-chomhairlichean ann an diofar eileanan</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Showed the ways in which they got information from those involved in the consultation in different islands. |
| <p>5.1.11 Airson ’s gu robh e gu tur mu dheidhinn nan coimhearsnachdan, cha robh sgioba nan eilean an sàs</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Islands team were not getting involved so that it was all about the communities. |
| <p>5.2 Pàirt 2: Gàidhlig ann am Plana Nàiseanta nan Eilean</p> | <p>Part 2: Gaelic in the National Islands Plan</p> |
| <p>5.2.1 Thathar ag ùrachadh a’ phlana an-dràsta le molaidhean a thàinig bhon dreachd plana</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Currently updating the plan with suggestions that came from the proposed plan |
| <p>5.2.2 Tha am plana ag aithneachadh cho cudromach ’s a tha a’ Ghàidhlig</p> | <ul style="list-style-type: none"> • Proposed plan recognises importance of Gaelic |

5.2.3 Thathar fhathast ag ùrachadh a' phlana. Fhuair iad molaidhean sgoinneil a thaobh na Gàidhlig agus tha iad ag obair gu dlùth còmhla ri Shona aig Bòrd na Gàidhlig agus Ruaraidh aig sgioba nan Eilean

- Still updating the plan. They received great feedback regarding Gaelic and are working closely with Shona at Bòrd na Gàidhlig and Ruaraidh at the Islands team

5.2.4 Thathar an dùil gur e an t-atharrachadh as motha a bhios ann gum bi Gàidhlig a' dol tarsainn air diofar phiosan den phlana

- Hopes that the main difference will be that Gaelic cuts across different parts of the plan

5.2.5 Bheir co-chomhairleachadh an ath bhliadhna cothrom dhaibh barrachd atharrachaidhean a thoirt gu buil

- Consultation next year will allow them to implement more changes

5.2.6 Bha Don Morrison airson innse gu bheil iad an dùil gum bi cudeigin ann an dreuchd conaltraidh a dh' aithghearr

- Don Morrison wanted to add that they are hoping to get someone in the role of communications soon

NOTA: Ma tha ceistean agaibh no ma tha sibh ag iarraidh lethbhreacan den taisbeanadh, tha seo ri fhaighinn bho:

NOTE: If you have any questions or would like a copy of this presentation, please contact:

Don.morrison@gov.scot

Don.morrison@gov.scot

no

or

info@islandsteam.scot

info@islandsteam.scot

Dh'fhàg Alasdair Allan aig 13:48 agus ghabh Daibhidh Boag a' chathair.

Alasdair Allan left at 13:48, Daibhidh Boag took over the chair.

5.3 **Ceistean:**

Questions:

5.3.1 Chuir Ruaraidh Mac an t-Saoir ris gu bheil iad air a bhith a cur cuideam air a phuing bho thòiseach phròiseas a' bhile gur e 'two way street' a th' ann a thaobh na Gàidhlig – tha Gàidhlig feumachd air na h-eileanan agus tha na h-eileanan feumach air a' Ghàidhlig. Tha poileasaidhean a thaobh coimhearsnachdan/taigheadas is eile gu math cudromach agus tha iad air dèanamh cinnteach gu bheil seo sa phlana. Mar eileanach agus neach-labhairt na Gàidhlig bha e sgoinneil a bhith a' dol gu na tachartasan sna h-eileanan agus a' faicinn mar a chaidh a dhèanamh.

Ruaraidh MacIntyre added that since the start of the bill process their main emphasis is how much of a two-way street it is – Gaelic need islands/islands need Gaelic. Communities, housing and other policies are very important and made sure that this is in the plan. As an islander and Gaelic speaker being able to go to events in the communities it was great to see how it was implemented.

5.3.2 Thuirt Daibhidh Boag gun robh e air coimhead tro na molaidhean air a' phlana agus mhothaich e gu robh tòrr de na puingeann mu dheidhinn na Gàidhlig agus anns a' Ghàidhlig

David Boag said that he had looked through the feedback on the plan and noted that lots of comments were in Gaelic and about Gaelic.

5.3.3 Thuirt Don Morrison gu bheil na h-aithisgean a chaidh a dhèanamh ri fhaighinn air-loidhne aig

Don Morrison noted the reports carried out are available online at Strathclyde university. These reports can be sent out if anyone wants.

Oilthigh Srath Chluaidh. 'S urrainn na h-aithisgean seo a sgaoileadh ma thathar ag iarraidh seo.

5.3.4 Dh' fhaighnich Martainn Mac a' Bhàillidh a bheil iad gu bhith a' sireadh neach-conaltraidh leis a' Ghàidhlig. Cuideachd dh'fhaighnich e carson a tha sinn a' bruidhinn Beurla nuair nach eil teicneòlas ag obair. Tha an teicneolas agus goireasan ann airson eadar-theangachadh a bhith ann. Tha e a' cur taic ri Gàidhlig a bhith ann tairsinn a' phlana.

5.3.5 Dh' fhaighnich **Coinneach MacFhraing** an d' fhuair iad deamografic eadar-mheasgte bho na choimhearsnachdan a thàinig do na co-chomhairlean aca. Fhreagair **Don Morrison** gun robh iad a' bruidhinn ri oigridh ann an Uibhist ach cha robh sa h-uile àite. Tha e a' creidsinn gum b' urrainn do cuid de na h-eileamaidean a bhith air a bith na bu threasa ach tha e an dòchas gun d' fhuair iad dealbh cothromach.

6 **GISBE**

6.1 Cha deach càil a thogail.

6.2 Chuir **Daibhidh Boag** nar cuimhne mun deasbad a-nochd sa Phàrlamaid agus a-màireach gun bheil co-labhairt gu bhith ann mun Ghàidhlig san àm ri teachd agus tha e toilichte fios a thoirt a-mach mu seo.

7 **Ceann-latha na h-ath Coinneimh**

7.1 Cha deach ceann-latha na h-ath coinneimh ag aontachadh fhathast ach bidh e sa **Chèitean/Ògmhios 2020**, thèid fiosrachadh air a sgaoileadh a dh'aithghearr.

7.2 Tha e duilich nach robh an t-eadar-theangachadh ag obair.

7.3 Dhùin a' choinneamh aig 14:12.

Martainn Mac a' Bhàillidh asked if they would be looking for a communications person with Gaelic. Also asked why we must switch to English when technology does not work. There are enough technology and facilities for translation. Supports the commentary made about Gaelic being across the plan.

Kenneth Rankin asked if they managed to get diverse demographic of the community coming out to their consultations. Don Morrison said they spoke to some youth in Uist but not in all islands. Believes that some elements could have been stronger, but he hopes it gives a fair reflection.

AOCB

No items were raised.

Daibhidh Boag reminded everyone about the debate tonight and tomorrow there is a conference about Gaelic in the future at the Parliament and he is happy to give out information about this.

Date of Next Meeting

The date of the next meeting has not been agreed but will be in **May/June 2020**, information will be sent out soon.

Apologies that the simultaneous translation was not working.

The meeting closed at 14:12.